


Oilidh an t-ochd-chasach



An teacs a Narinder Dhami
Na dealbhan Jeffrey Reid
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Fada, fada shìos fon mhuir
bha rìoghachd sheunta.

An sin bha Oilidh, an t-ochd-chasach,
a' fuireach.





Aon latha bha Flòraidh, a' mhaighdean-mhara,
a' cleasachd le sligean.

“Am faod mise feuchainn?”
dh’fhaighnich Oilidh.

“Faodaidh,” thuirt Flòraidh.





Thug Flòraidh na sligean dha Oilidh.
Dh'fheuch Oilidh ri na sligean a chumail
an-àirde ach cha b' urrainn dha.



“Tha m’ ochd-chasan cho cliobach,”
thuirt e.

“Na bi cho brònach,” arsa Flòraidh.

“Thèid sinn a shnàmh.”





Dh'fhalbh Flòraidh agus Oilidh a shnàmh.
Shnàmh iad agus shnàmh iad agus chunnaic
Flòraidh rudeigin.

'S e lùchairt sean a bh' ann. "Tugainn agus
coimheadaidh sinn an seo," arsa Flòraidh.

"Cha tèid," ars Oilidh.

"Na tèid a-steach. Tha e ro shean."






Ach shnàmh Flòraidh a-steach
dhan lùchairt.

“Stad!” dh’èigh Oilidh.

“Till a-mach às an sin.”






“Och, trobhad Oilidh,” arsa Flòraidh.
 “Trobhad feuch dè lorgas sinn.”



Chaidh Oilidh a-steach dhan lùchairt.
 “Cha toil leam a bhith staigh an seo,”
 thuirt e.



Shnàmh Flòraidh a-steach do rum mòr.
Anns an rum bha bòrd uabhasach mòr.





Bha truinnsaran òir agus spàinean
 òir air a' bhòrd.
 Shnàmh Flòraidh a-null
 a choimhead.





Sa mhionaid sin thuit rudeigin air
ceann Flòraidh.

“Haidh!” dh’èigh i. “Dè bha siud?”
Choimhead Oilidh suas agus thuirt e,
“Tha am mullach a’ tuiteam a-nuas
òirnn. “Mach às an seo sa mhionaid.”





Shnàmh Oilidh agus Flòraidh a-mach às an rum.
“O!” arsa Flòraidh. “Chan fhaigh sinn a-mach!”
“Mach thu,” ars Oilidh, agus chùm
e suas am mullach le na h-ochd-chasan.






Shnàmh Flòraidh a-mach às an lùchairt
cho luath 's a b' urrainn dhi.



Leig Oilidh às am mullach an uair sin.
Thuit e le CRAIS sa mhionaid a
shnàmh Oilidh a-mach.



Nuair a ràinig Flòraidh agus Oilidh
dhachaigh thuirt Flòraidh,
“Tapadh leat, Oilidh.
Shàbhail d’ ochd-chasan sinn an-diugh.”



Bha Oilidh glè thoilichte an uair sin.
“Is toil leam m’ ochd-chasan a-nis,”
thuirt e gu pròiseil.

